

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 5 | 2015 | AN CEITEAN

Facal Toisich

Am broinn nan *Duilleag* tha cunntas againn air cruinneachadh a chaidh a chumail ann an Glaschu a bha a' beachdachadh air inbhe na Gàidhlig ann an Eaglais na h-Alba agus ciamar a ghabhas ar cànan a neartachadh ann an obair agus ann an adhradh na h-Eaglais. Bha làmh làidir aig Moderàtor na bliadhna seo ann a bhith a' smaoinneachadh air coinneamh den t-seòrsa seo a chur air bhonn. Cha robh Moderàtor air an Ard-sheanadh aig an robh Gàidhlig bho bha an t-Oll. Urr. Tòmas M. MacCalmain anns an dreuchd. Am bliadhna a-rithist bidh caraid aig a' Ghàidhlig anns a' chùirt.

Chuala mi duine no dithis ann an eaglaisean eile ag ràdh gur e toil Dhè a tha ann gu bheil a' Ghàidhlig a' dol bàs. Tuigidh a h-uile duine a' Bheurla, canaidh iad, agus sin am meadhan airson an Soisgeul a chraobh-sgaoileadh air feadh na dùthcha. Ach dè a thachair air Latha na Caingis? Chuala gach neach a bha anns a' choitheanal mhòr a bha sin facal nan abstol 'nan cànan fhèin. Ann an Leabhar an Taisbeanaidh tha sinn a' leughadh mun t-sluagh shaorte agus iad às gach treubh agus a' labhairt gach cànan.

'S e rud iongantach a tha ann gu bheil barrachd ùidh aig luchd-adhraidh ann an seirbheisean Gàidhlig na tha a' tachairt an-diugh ann an coitheanalan anns na h-eileanan far a bheil ar cànan air a bruidheann mar chainnt làitheil. Tha seirbheis Ghàidhlig aig Eaglais na h-Alba a h-uile Sàbaid ann an Glaschu agus ann an Dùn Eideann – mo bheannachd aig na laoiach a tha a' cumail suas nan seirbheisean sin. Cia meud coitheanal a tha air fhàgail anns na h-eileanan far a bheil adhradh Gàidhlig a h-uile Didòmhnaich? Tha sgoiltean Gàidhlig anns na bailtean air tìr-mòr agus iad a' cur thairis.

Tha sinn an dòchas gum faicear toradh air co-chruinneachadh Ghlaschu anns na làithean air thoiseach. Le teicneòlas an latha an-diugh tha cothroman ùra againn airson a' Ghàidhlig a chur gu feum agus a neartachadh anns gach roinn de ar beatha, anns an eaglais agus taobh a-muigh na h-eaglais.

**Gach beannachd gu robh agaibh,
Ruairidh MacLeòid.**



Seo dealbh de bhaile Inbhir Aora mar a bha e ro àm an Darna Cogaidh, nuair a bha stiopall air an eaglais. Nuair a thogadh an dealbh seo bha dà eaglais anns an togalach, eaglais Bheurla agus eaglais Ghàidhlig. Bha an aon inbhe aig an dà chànan agus ministear Ghàidhlig agus ministear Beurla a' frithealadh sluagh na sgìre. (Bha tuarasdal na b' àirde aig a' mhinistear Ghàidhlig!) Ri linn an Urr. Dòmhnall MacCoinnich bhiodh seirbheisean Gàidhlig air an cumail gu cunbhalach ann an Inbhir Aora. Tha an eaglais Ghàidhlig an-diugh air a cleachdadh mar thalla na h-eaglais.

Cùil nan Ceist

Anns a' Mhàrt bha co-chruinneachadh sònraichte ann an Glaschu mu shuidheachadh na Gàidhlig ann an Eaglais na h-Alba. An turas seo tha sinn a' cur cheist oirbh mu chànanan mar a tha iad air an ainmeachadh anns a' Bhìoball, Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Dè na trì cànanan anns an robh na faclan a bha sgrìobhte air a' chrann-cheusadh? (Soisgeul Eòin, caibideil 19.)
2. Lìon a' bheàrn – “Air a mhìneachadh anns a' chànan _____”. (Esra, caibideil 4.)
3. Dè an t-ainm Eabhraidheach a bha air an lochan le còig taighean-fasgaidh? (Eòin, caibideil 5.)
4. Cò an rìgh a chuir teachdaireachd chun nan uile theangannan? (Dàniel, caibideil 4.)

Stòiridhean – 4

Bha Lee, fear-naidheachd, 'na shuidhe aig a dheasg a' meòmhrachadh air teaghlach fìor bhochd a bha e air a choinneachadh làithean roimhe siud. Bha e air artaigil a sgrìobhadh mu dhèidhinn Perfecta agus a dithis oghaichean, Jenny agus Lydia.

Bha iad a' fuireach ann an dà rùm agus bha na rumannan agus na preasan gu math falamh. Bha Perfecta a' lùiginn barrachd a dhèanamh dhan chloinn-nighean, ach bha i dona le siataig agus cha b'urrainn dhi obair.

Bho nach robh mòran a' tachairt anns an oifis smaoinich e gun deidh e a shealltainn dè mar a bha a' dol dhaibh agus an Nollaig a' tighinn faisg. Cha robh fios aige dè a chanadh e nuair a dh'fhosgail Jenny an doras dha. Bha na bha e air sgrìobhadh air buntainn ri cridheachan slugh Chicago agus bha na rumannan loma làn den a h-uile seòrsa rud air an smaoinicheadh tu. Bha uibhir a bhiadh ann is na gabhadh na preasan e.

Cha b'è na rudan sin a bu mhotha a chuir iongnadh air. Bha Perfecta agus a' chlann-nighean ag ullachadh airson a' chuid mhòr dheth a thoirt seachad.

Carson a bheireadh sibh uibhir den seo seachad? dh'fhaighnich e. Tha na nàbaidhean againn a cheart cho feumach. Chan urrainn dhuinn na tha seo a chumail agus iadsan falamh. 'S e seo a bhiodh losa ag iarraidh oirnn a dhèanamh. 'S e tìodhlac o Dhia a tha ann uile.

Air a shlighe air ais don oifis cha b'urrainn dha sgur a smaoinicheadh mun dèidhinn. Bha gu leòr aige-san ach bha iomagain gu leòr 'na chois. Bha a h-uile seòrsa rud aige ach bha e ag iarraidh an tuilleadh. Bha a bheatha làn de rudan saoghalta ach bha e a' faireachdainn falamhachd 'na spiorad.

Ged a bha uibhir aige a bharrachd air Perfecta agus a' chlann-nighean, bha farmad aige riutha oir bha iad toilichte len crannchur. Anns na Philipianaich tha sinn a' leughadh, *Dh'fhoghlaim mi, ged b'è staid anns a bheil mi, a bhith toilichte.*

**Oighrig Fhearghasdan,
A' Mhanchainn.**

Co-labhairt mun Ghàidhlig – Ceum mòr air Adhart

Air an aona latha fichead den Mhàrt thàinig mu thri fichead neach aig a bheil ùidh ann an cor na Gàidhlig ann an Eaglais na h-Alba cruinn ann an eaglais an Tron ann an Glaschu. Chaidh a' choinneamh ullachadh le Buidheann Conaltraidh na h-Eaglais agus chualas òraidean inntinneach on luchd-labhairt air cuspairean aig an robh ceangal ri craobh-sgaoileadh de gach seòrsa ann an Gàidhlig, gu seachd àraidh craobh-sgaoileadh an t-Soisgeil.

Thug Mairead Màiri Mhoireach on BBC ann an Alba òraid chomasach seachad air craobh-sgaoileadh ann an Gàidhlig air an ràdio agus air an telebhisean agus mu na cothroman a tha ann don Eaglais a bhith a' cleachdadh nam meadhanan cudthromach seo.

Bhruidhinn Dòmhnall Walker, a tha ag obair aig an *Scotsman*, mun àite a tha aig a' Ghàidhlig anns na pàipearan-naidheachd, agus mu na cothroman a tha ann don eaglais. Ged nach eil Gàidhlig aige fhèin, tha a' chlann aige a' frithealadh sgoil Ghàidhlig ann an Dùn Eideann.

Tha an t-Urr. Iain Urchardan a' dèanamh obair ionmholtan ann an ceann a deas an Eilein Sgitheanaich, gu h-àraidh co-cheangailte ri Sabhal Mòr Ostaig, ann a bhith a' lorg dhòighean ùra air adhradh na Gàidhlig a bhrosnachadh. Chuala an luchd-èisteachd mu na fiosrachaidhean a bha aige ann a bhith ag obair am measg oileanach agus eile.

Thug an eaglais ann an ceann a tuath an Eilein Sgitheanaich leabhar laoidhean ùr am follais bho chionn ghoirid a bhios air a chleachdadh aig seirbheisean Gàidhlig. Bhruidhinn an t-Urr. Iain Moireach agus a bhean, Neilian, mun dòigh seo air adhradh na Gàidhlig a thoirt air adhart.

Tha am Proifeasair Dòmhnall Meek air mòran a dhèanamh as leth na Gàidhlig bho chionn iomadach bliadhna. Tha ùidh shònraichte aige ann a bhith a' toirt ghoireasan air adhart a tha feumail ann an adhradh. Rinn e obair air leth ann a bhith a' toirt dhuinn nan Sgrìobtaran Gàidhlig ann an litreachadh a bhuineas don latha againn fhèin, goireas a tha glè chudthromach. Thog

Leabhraichean

Tha mòran leabhraichean matha air tighinn on chlà bho chionn ghoirid mun Cheud Chogadh, gu h-àraidh mar chuimhneachan air an fheadhainn às na h-eileanan a chaill am beatha anns a' choimhstrì mhillteach a bha sin. Ach seo an leabhar a b'fheàrr a leugh sinn fhathast air a' chuspair seo.

Tha Stiùbhart Greum air rannsachadh mòr a dhèanamh air na fir – mu cheud gu leth dhiùbh – à Ile agus à Diùra a thuit anns a' Chogadh Mhòr. Tha fiosrachadh mionaideach aige mu na h-eileanaich air fad, ach a-mhàin am beagan nach do lorg e fios mun dèidhinn fhathast.

Rud a tha eadar-dhealaichte mun leabhar seo, 's e gu bheil an t-ùghdar gu fiosrach a' leantainn cùrsa a' chogaidh mar a bha cùisean a' tachairt air tìr-mòr na Roinn Eòrpa o bhliadhna gu bliadhna. Tuigidh sinn nas fheàrr dè na fiosrachaidhean agus na

“These men are worth our tears”

Islay and Jura in World War 1

Stuart Graham

(air fhoillseachadh le Ailsapress. £12.99)

duilgheadasan a bha aig na saighdearan anns na làithean uamhasach a bha sin.

Bha fear de na saighdearan Ileach a choisinn Crois Bhictoria aig àm a' Cheud Chogaidh. B'esan Daibhidh Lowe Mac an t-Saoir, a rugadh ann am Port na h-Aibhne, far an robh athair 'na mhinistear. Thàinig esan gu sàbhailte tron chogadh. Mac ministear à Ile nach do thill dhachaigh, b'esan Alasdair MacFhionghain, a fhuair bàs aig an Somme ann an 1916, dan do rinn Donnchadh MacIain an t-òran driùidhteach, *Tuireadh nan Treun*. Bha athair Alasdair 'na mhinistear ann an Cill Daltain. Bha am bàrd Ileach e fhèin anns a' chogadh.

Leabhar grinn, air a dheagh sgrìobhadh, le mòran dhealbhannan de na fir a chaill am beatha fada o eileanan an àraich. Tha seo 'na chuimhneachan brèagha agus freagarrach air an fheadhainn nach do thill.

esan puingean feumail.

Labhair an t-Urr. Uisdean Stiùbhart, mar mhinistear-sgìre mu na duilgheadasan a tha fa chomhair na Gàidhlig anns an Eaglais, ann an àiteachan far an do chleachd prìomhachas a bhith aice ann an seirbheisean. Tha e soilleir gu bheil cleachdadh na Gàidhlig a' crìonadh ann an sgìrean far an robh i làidir bho chionn ginealach no dhà. Thogadh grunn chuspairean a bha gar cur gu smaoineachadh.

A' stiùireadh ghnothaichean tron latha bha a t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan, Moderàtor ùr na bliadhna seo agus Cathaidh Dhòmhnallach, an craoladair ainmeil. Bha cothrom aig an luchd-èisteachd ceistean a chur agus beachdan a thoirt air adhart. Bha a' chuid sin den cho-labhairt math da-rìreabh agus bha iomadh cuspair air a thogail a chuir na bha an làthair gu rannsachadh. Tron latha chualas barrachd Gàidhlig air na bha ann de Bheurla. Nuair a bha buill na co-labhairt aig biadh còmhla eadar na h-òraidean lean an còmhradh agus am beachdachadh.

Tha dòchas ann nach eil an seo ach a' cheud cheum air slighe a dh'fhaodas a bhith fada ann a bhith a' leasachadh na Gàidhlig an taobh a-staigh Eaglais na h-Alba agus gum bi co-labhairt eile ann ri tìde. 'S e toiseach tòiseachaidh a tha seo agus dh'fhalbh daoine on cho-labhairt air am misneachadh leis na rudan a chunnaic agus a chuala iad.



Beàrnan gan Lìonadh

Chan eil cho fada bhuaithe agus cha robh ministear air fhàgail ann an clèir Uibhist agus cha robh ach aon mhinistear suidhichte ann an coitheanalan Eaglais na h-Alba anns an Eilean Sgitheanach. Bha cùisean a' coimhead dorcha, ged a bha na coitheanalan a bha gun mhinistear ag obair gu dìcheallach. Ach bho chuir sinn an iris mu dheireadh ri chèile chuala sinn mu cheathrar mhinistearan a tha gam pòsadh ri sgìrean anns na h-eileanan a tha air a bhith greis bàn.

Aig deireadh a' Ghearrain chaidh ministear ùr a shuidheachadh ann am Mànaid agus Sgarasta ann an ceann a deas na Hearadh. Tha an sgìr air a bhith bàn bho thug dìth na slàinte air an Urr. Murchadh Mac a' Ghobhainn uallach coitheanail a leigeil dheth ann an 2011. A-nis tha an t-Oll. Urr. Daibhidh Donaldson a' saothreachadh anns an sgìr. Tha esan air a bhith 'na mhinistear ann an Caldwell agus Dunlop ann an siorrachd Air o 2010 agus tha eòlas farsaing aige air obair na ministrealachd.

Tha an t-Urr. Iain Murchadh Dòmhnallach air gairm fhaighinn o choitheanal an Tairbeirt. Tha ceithir bliadhna deug bho chaidh a shuidheachadh ann an coitheanal Chrois ann an Leòdhas. Bha an Tairbeart air aon de na coitheanalan far an robh sgaradh, ach dh'fhuirich cuid mhath den t-sluagh ann an Eaglais na h-Alba. Cha robh ministear anns an sgìr bho ghluais an t-Urr. Tormod Maclamhair gu Inbhir Nis ann an 2011.

Rinn sinn toileachadh ris an naidheachd gu bheil dà sgìr anns an Eilean Sgitheanach a bha bliadhnachan bàn a-nis agus ministearan air an ceann. Tha an t-Urr. Ruairidh MacLeòid gu bhith os cionn coitheanal an t-Srath agus Shlèite. Bha esan trì bliadhna fichead 'na mhinistear-airm. Tha ceanglaichean teaghlaich aige ri Eilean a' Cheò, agus a rèir iomraidh tha e a' cur roimhe a bhith comasach air searmonachadh ann an Gàidhlig an ceann thrì bliadhna.

Bidh ministear ùr ann an Cille Mhoire agus Steiseal cuideachd, agus tha e 'na theachdaire air a bheil muinntir an dà sgìre glè eòlach mar-tha. O 2003 tha an t-Urr Iain Moireach air a bhith ag obair mar mhinistear-cuideachaidh agus tha e air mòran a dhèanamh as leth na clèir. A-nis bidh e os cionn na sgìre seo ann an ceann a tuath an Eilein a tha air a bhith bliadhnachan gu mhinistear suidhichte.

Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Treòrachaidh E mi air slighean na fireantachd." Tha na

faclan sin anns an t-salm as ainmeile a tha ann, an treas salm thar fhichead. Leughaidh sinn iad anns an treas rann. (Salm 23:4) Tha feum againn air treòrachadh nuair a tha an t-slighe dorcha. Tha feum againn air treòrachadh nach eil sinn cinnteach mun rathad air thoiseach. Tha feum againn air treòrachadh aig a h-uile àm. Nuair a thubhairt Iosa gur Esan ar buachaille, bha E a' ciallachadh gu bheil E a' dol romhainn. Tha Esan ag iarraidh treòrachadh a thoirt dhuinn.



'S toigh leam a bhith a' biadhach nan eun. Bho chionn ghoirid tha calamain a' tighinn gu cùl an taighe. Tha

seachd ann nuair a tha iad ann air fad. Tha aon chalaman ann a tha nas bragail na càch. Bidh e a' fuireach nuair a bhios na h-eòin eile a' teicheadh. Bidh sinn a' smaoineachadh air a' chalaman mar eun a tha socair sèimh. Tha calamain air an ainmeachadh anns a' Bhìoball. Bha calamain ann aig àm Nòah. Nuair a bha Iosa air a bhaisteadh le Eòin Baistidh thàinig an Spiorad a-nuas ann an cruth calamain. Thubhairt Iosa gu bheil còir aig a' Chrìosdaidh a bhith coltach ris a' chalaman.



Seanfhacal airson a' mhìos seo: "'S iomadh latha fada gu Bealltainn." (There's many a long day till

May-day.) Cò a bhios ag ràdh sin? Bidh an duine air nach eil cabhag. Tha e leisg 'na nàdar. Tha e airson rudan a chur an darna taobh. Ach luath no mall thig Latha Buidhe Bealltainn. 'S e Latha Buidhe Bealltainn an t-ainm a tha againn air a' cheud latha den Chèitean. Tha am Bìoball ag innse dhuinn nach eil againn ach an-diugh. Chan eil a-màireach air a ghealltainn dhuinn. Chan urrainn dhuinn a ràdh gu bheil iomadh latha fada againn fhathast mun tig an Cèitean.



Bha a h-uile seòrsa side againn anns a' Mhàrt agus anns a' Ghiblean. Bha sneachd agus reothadh againn.

Bha tàirneanaich agus dealanaich againn. Bha uisge agus clachan-meallain againn. Ach bha làithean grianaich againn cuideachd. Nuair a thig an Cèitean tha dòchas againn gum bi grianaich agus blàths againn. Bidh luchd-turais a' tighinn à dùthchannan eile aig an àm seo den bhliadhna. Tha sinn an dòchas gum bi side mhath aca. Chì sinn cho iongantach agus a tha cruthachadh Dhè, na tràighean anns na h-eileanan, na beanntan air a' Ghàidhealtachd, na lochan agus na glinn.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

RANN

*Tha farsaingeachd an tròcair Dhè dhuinn
Mar tha farsaingeachd a' chuain,
Is tha coibhneas ann a cheartas,
'S nas mò na sin tha saorsa bhuan.*


Seo a' cheud rann anns an laoidh, *There's a wideness in God's mercy*, mar a chaidh eadar-theangachadh gu Gàidhlig le Caitriona NicDhòmhnaill anns an leabhar *Seinneamaid Còmhla*, an leabhar prìseil a thug eaglais Chille Mhoire agus Stèiseil am follais. Chuireadh an laoidh ri chèile ann am Beurla le Frederick Uilleam Faber (1814-63). Sgrìobh e ceud gu leth laoidh. Tha sinn an dòchas gu bheil mòran de leughadairean nan *Duilleag* air an laoidheadair seo a cheannach.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh mun iomradh a tha againn anns a' Bhìoball air cànanan. 1. Eabhra, Grèigis agus Laideann. 2. —Shirianaich— 3. Betesda, 4. Nebuchadnesar.

SEIRBHEIS AN ARD-SHEANAIDH

Bidh seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh air a cumail air Didòmhnaich an seachdamh latha deug den Chèitean ann an Eaglais nam Manach Liath an Dùn Eideann. Bidh an t-seirbheis a' tòiseachadh aig leth-uair an dèidh meadhan-latha. Am bliadhna bidh an t-seirbheis air a cur air clàr le Ràdio nan Gàidheal agus thèid a chraobh-sgoileadh an latha sin fhèin aig trì uairean agus a-rithist aig naodh. A' searmonachadh bidh am Moderàtor, an t-Oll. Urr. Aonghnas Moireasdan.



An t-Oll. Urr. Aonghnas Moireasdan, Moderàtor na bliadhna seo, a bha anns a' chathair aig a' Cho-labhairt mu shuidheachadh na Gàidhlig ann an Eaglais na h-Alba a chaidh a chumail ann an Glaschu anns a' Mhàrt. Tha sinn a' guidhe dha gach beannachd fad na bliadhna a bhios e anns an dreuchd.

AN DOTAIR ALASDAIR MACGHILL'IOSA

Chaochail an Dotair Alasdair MacGhill'iosa, air an robh mòr mheas aig daoine ann an grunn cheàrnan den Ghàidhealtachd. Bha e ceithir fichead agus naodh. Bha 'athair, an t-Urr. Coinneach MacGhill'iosa, bliadhnachan mòra air ceann coitheanal Sràid a' Ghàrradair ann an Glaschu. Rinn an Dotair Alasdair e fhèin cùrsa na ministrealachd, ach chuir e seachad a' chuid mhòr de a bheatha anns an dotaireachd. Chaidh a thìodhlacadh anns a' Chomraich, dachaigh an teaghlaich.

CUIDEACHADH-AIRGID

Bha sinn toilichte a chluinntinn gu bheil eaglaisean a bhuineas do dh'Eaglais na h-Alba am measg nan togalaichean anns a' cheann a tuath a tha a' faighinn cuideachaidh airson obair chàraidh a dhèanamh o urras a chuir Seansalair an Ionmhais air chois. Tha eaglais Chiarain ann an Ile a' faighinn £15,800. Buinidh eaglais Chonain air Loch Odha do dh'urras ach bidh Ghleann Urchaidh a' cumail sheirbheisean innte. Chaidh £51,900 a chur air leth airson an leasachaidh a tha ga dhèanamh air an togalach sin.

ADHBHAR GAIRE

Bha ministear anns an t-seann aimsir a bha dèidheil air a bhith ag iasgach. 'S dòcha nach robh e a' cur seachad ùine gu leòr ann a bhith ag ullachadh nan searmon. An latha a bha seo choinnich e ri cuideigin às a' choitheanal. "An-diugh ro àm breacaist ghlac mi bradan agus dh'ullaich mi searmon," ars am ministear. Thubhairt a charaid, "Saoilidh mi gun cuirinn barrachd luach air a' bhradan na chuirinn air an t-searmon."

Urnaigh

*A Dhè uile-chumhachdaich,
tha sinn a' toirt taing dhut
airson an ama seo den bhliadhna.
Nuair a chì sinn bòidhchead a' chruthachaidh
mun cuairt oirnn air gach taobh
gum bi sinn ag iarraidh
a bhith a' dèanamh seirbheis dhut
ann am maise na naomhachd.
Nuair a chì sinn lusan a' fàs
gum bi sin a' toirt oirnn
a bhith a' fàs ann an gràs
agus ann an eòlas air Crìosd.*

Amen

**An dealbh air an aghaidh:
Uaireigin bha luchd-siubhail a bhiodh
a' tighinn air tìr aig a' chidhe seo,
'nam measg sgoilearan à Uibhist
agus às na Hearadh,
eòlach air an t-sealladh seo,
Port Rìgh anns an Eilean Sgitheanach.
Air an ath mhios tha sùil againn
sgrùdadh a dhèanamh air leabhar ùr
mu eachdraidh a' bhaile.**